

Stiùireadh do thidsearan

- Thoir beagan eòlas dha na h-oileanaich air sgeulachdan goirid
- Thoir air oilleanaich plana simplidh a chruthachadh airson na sgeulachd ghoirid aca fhèin. Dèan cinnteach gu bheil na leanas anns gach sgeulachd:
 - priomh charactar (“protagonist”)
 - priomh charactar dùbhlanach (“antagonist”)
 - rud sònraichte
 - deireadh a tha toilichte (“happy ending”)
- Aon uair ’s gu bheil sgeulachd aig na h-oileanaich, seall dhaibh an leasan RPG
- Ma tha na h-oileanaich a’ cleachdad a’ cleachdad **Trinket** (airson còdad a’ cleachdad air-loidhne), dèan cinnteach gun cruthaich iad cunntas agus gun sàbhal iad an cuid obrach. Tha cunnart ann gun caill iad an obair mura dèan iad seo.
- Feumaidh oilleanaich timcheall air deich uairean a thìde airson obrachadh tron leasan.
- Gu tric bidh iad ag iarraidh a dhol air seachran agus an geama aca fhèin a chruthachadh fhad ’s a tha iad a’ dèanamh an leasan, ach tha e cudromach gun cuir iad crìoch air an leasan mus dèan iad sin.
- ’S e na mearachdan as cumanta a nì oilleanaich cromagan agus comharran-labhairt fhàgail às, no an t-eagrachadh fhaighinn ceàrr.
- Aon uair ’s gu bheil na h-oileanaich deiseil dhen leasan, bu chòir dhaibh tùiseachadh air an geama aca fhèin a chruthachadh. Ann an seo bu chòir na leanas nochdad:

 - sia rumannan
 - trì rudan ri thogail
 - dòigh air call
 - dòigh air buannachadh

- Dh’fheumadh oilleanaich dhà no thrì uairean a thìde fhaighinn sa chlas airson crìoch a chur air na geamannan aca.
- Aon uair ’s gu bheil na geamannan deiseil aig na h-oileanaich, bu chòir dhaibh an co-roinn ri càch a chèile.

Abairtean

Caochladair: stòr le ainm far an tèid pìos fiosrachaiddh a chumail ann am prògram coimpiutaireachd. Seo a’ Ghàidhlig airson “variable”.

Eagrachadh: tha seo fior-chudromach nuair a tha thu a' sgrìobhadh còd Python oir 's ann leis an eagrachadh a tha thu a' comharrachadh earrannan dhen chòd. Seo a' Ghàidhlig airson “*indentation*”.

Faclair: ann an còd Python tha e comasach dàta a' stòradh ann an structar sònraichte ris an can sinn faclair (“*dictionary*” anns a' Bheurla). Tha seo air a thogail a-mach à iuchraichean: mu choinneamh gach iuchair tha eileamaidean.

Deasaichear: prògram airson còd a sgrìobhadh (mar còd Python). Tha dhà no thrì ri fhaighinn air Raspberry Pi, nam measg, **Thonny**. Seo a' Ghàidhlig airson “*editor*”.

Trinket: làrach-lìn a leigeas leat còd Python a sgrìobhadh agus a ruith an taobh a-staigh brobhsair. Tha e an-asgaidh ri chleachdad, ach ma tha thu airson còd Python 3 a shàbhaladh feumaidh tu cunntas pàighe fhaighinn.